



Sònrachadh Cùrsa
Àrd-ìre
Adhartach



Staitistigs – An Àrd Ìre Adhartach Sònrachadh Cùrsa

Bhon Lùnastal, 2015

An deasachadh seo: An Giblean, 2013, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu lèir no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim air chùmhnannt nach dèanar prothaid às an ath-riochdachadh; ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, bu chòir creideas a thoirt don tùs. Faodar an tuilleadh lethbhreacan den t-Sònrachadh Cùrsa seo a luchdachadh a-nuas on làrach-lìn aig an SQA: www.sqa.org.uk.

Thoir sùil air iomradh nan atharrachaidhean a tha ri fhaighinn aig deireadh an t-Sònrachadh Cùrsa seo airson fiosrachadh air atharrachaidhean on dreach a thàinig roimhe (far a bheil sin iomchaidh).

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Cnàmhan a' Chùrsa

Tìotal a' chùrsa: Staitistigs – An Àrd Ìre Adhartach

SCQF: Ìre 7 (32 puingean creideis SCQF)

Còd a' chùrsa: ri fhoillseachadh fhathast

Aonadan Riatanach

Mion-sgrùdadh is Modaladh

(An Àrd Ìre Adhartach)

8 puingean creideis SCQF

Co-dhùnadh Staitistigeil

(An Àrd Ìre Adhartach)

8 puingean creideis SCQF

Deuchainn beachd-bharail

(An Àrd Ìre Adhartach)

8 puingean creideis SCQF

Measadh a' chùrsa 8 puingean creideis SCQF

Anns a' chùrsa seo tha ochd puingean creideis SCQF airson tuilleadh ùine a thoirt seachad nuair a thathar a' dèanamh deiseil airson measadh a' Chùrsa. An cois measadh a' Chùrsa tha luach-leasaichte a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air measadh a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an earrainn a' Mheasaidh.

Ìre tòiseachaidh

Gheibhear a-steach don Chùrsa le cead an ionaid. Ach, mar as trice, thathar an dùil gum bi an luchd-ionnsachaidh air na sgilean, am fiosrachadh agus an tuigse fhaighinn a thig an cois nan teisteanasan a leanas (no co-ionann) agus/no an cois eòlais ro-làimh:

- ◆ Cùrsa Matamataig – An Àrd Ìre

Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige adhartas a thoirt gu ruige:

- ◆ Teisteanasan eile ann am Matamataig no ann an raointean eile
- ◆ An tuilleadh ionnsachaidh, cosnaidh agus/no trèanaidh

Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaighinn ann an earrainn na Feallsanachd.

Co-ionannachd agus in-ghabhail

Chaidh Sònrachadh a' Chùrsa seo a dhealbh air a leithid de dhòigh 's nach biodh bacaidhean neo-riatanach sam bith air ionnsachadh no air measadh. Bu chòir feumalachdan pearsanta an luchd-ionnsachaidh a bhith air an toirt fa-near nuair a thathar a' cur air dòigh gnothaichean ionnsachaidh, a' taghadh modhan measaidh no a'

gabhail beachd air teisteanas eile. Airson tuilleadh fiosrachaidh, thoir sùil air *Notaichean-faic a' Chùrsa* agus air *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*.

Feallsanachd

Tha luachan, amasan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais rim faighinn an lùib nan Cùrsaichean Nàiseanta ùra agus ùraichte gu lèir. Tha iad a' tairgsinn sùbailteachd, a' toirt tuilleadh ùine airson ionnsachadh, a' cur barrachd cuideim air sgilean agus air ionnsachadh gnìomhach, agus cothrom air gnothaichean sa bheil ùidh aig oileanach 's air roghainn.

Annas a' Chùrsa seo agus na dhiofar phàirtean is aonadan, bidh cuideam air leasachadh sgilean agus air mar a thèid na sgilean sin a chur an gnìomh. Bidh modhan measaidh co-roinneil, iomchaidh airson an amais, agus brosnachaidh iad sàr chleachdadh, a' toirt a' chothruim as fheàrr dhan luchd-ionnsachaidh.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman don luchd-ionnsachaidh airson cumail a' dol le bhith a' togail is a' leasachadh nam feartan is nan cothroman annas na ceithir roinnean, a bharrachd air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair.

Tha na Cùrsaichean uile a' toirt chothroman don luchd-ionnsachaidh leud, dùbhlann agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh cuideam agus cothrom a' mheasaidh a' dol a rèir a' chuspair.

An Co-cheangal eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan is prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais

Ann an saoghal a tha an crochadh cho mòr air a bhith ag eadar-mhìneachadh a' bheairteis aig dàta a tha ri làimh, tha e follaiseach gu bheil staitistigs cudromach, agus iad a' leigeil leinn ar beatha a thuigsinn agus rian a chumail oirre. Le bhith a' cleachdadh matamataig agus staitistigs, thèid againn air coimhead ri suidheachaidhean làitheil, nàdarra, agus sinn a' dèanamh cho-cheanglaichean ri mar a thèid cùisean. Tha iad gar n-uidheamachadh leis na sgilean a dh'fheumas sinn nuair a bhios sinn ag eadar-mhìneachadh 's a' mion-sgrùdadh fiosrachadh, nuair a bhios sinn a' sìmpleachadh 's a' fuasgladh cheistean agus nuair a bhios sinn a' gabhail beachd air cunnart agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean foirmeil.

Air sàillibh 's gu bheil staitistigs a' leigeil leinn co-dhùnaidhean neo-eisimeileach is reusanaichte a dhèanamh, bidh iad a' togail ùidh am measg luchd-ionnsachaidh de gach aois, gnè agus comas. Tha ionnsachadh ann am matamataig agus staitistigs a' dèanamh leudachadh air reusanachadh loidsigeach, mion-sgrùdadh, sgilean fuasgladh-cheistean, obair chruthachail agus air beachdachadh ann an seagh eas-chruthach. Tha iad a' cleachdadh cànan uile-choitcheann de dh'àireamhan 's de shamhlaidhean, rud a tha a' leigeil leinn coladar a dhèanamh air beachdan ann an dòigh aon-seaghach agus deimhinnte. Tha staitistigs a' leigeil le co-cheanglaichean a bhith air an dèanamh eadar modailean matamataigeach agus an saoghal làitheil, nàdarra, 's iad ag adhbharachadh breithneachadh reusanaichte a tha stèidhichte air loidsig earbsach. Tha e deatamach gum bi tuigse air an àite a th' aig staitistigs annas a h-uile pàirt den bheatha a tha seo, cha mhòr. Tha seo a' daingneachadh gum feum pàirt cudromach a bhith aig matamataig agus staitistigs ann an ionnsachadh fad-bheatha, agus gum bu chòir luach a chur ann air sgàth a' bheairteis a thig na chois.

Leis cho cumanta 's a tha nithean staitistigeil neo-dhearbhte annas na meadhanan san latha a th' ann, bheir prionnsapalan staitistigeil ionnsachaidh an cothrom don a h-uile

saoranach an co-dhùnaidhean a dhèanamh leotha fhèin, 's iad a' faighinn cothrom nas fheàrr compàirt a ghabhail anns a' choimhearsnachd san fharsaingeachd.

Adhbhar agus amasan a' Chùrsa

Bidh Staitistigs a' feuchainn ri ciall a dhèanamh de dh'atharrachadh nàdarra co-cheangailte ri taghadh farsaing de cho-theacsaichean, me an Crannchur Nàiseanta, an co-cheangal a th' eadar caitheamh-beatha agus slàinte

Tha an Cùrsa a' dèanamh rannsachadh air cruinneachadh, mion-sgrùdadh 's air eadar-mhìneachadh dàta. Tha e a' togail tuigse air ìre de dhearbhadh a thig à co-dhùnaidhean a chaidh a dhèanamh nuair a bhathar ag eadar-mhìneachadh 's a' mion-sgrùdadh dàta.

Bu chòir don Chùrsa an luchd-ionnsachaidh a bhrosnachadh le bhith a' toirt orra na leanas a dhèanamh:

- ◆ freagarrachd diofar mhodhan cruinneachadh-dàta a thuigsinn, gu h-àraidh dòighean air samplachadh à sluagh
- ◆ modailean iomchaidh staitistigeil a thaghadh 's a chleachdadh airson a bhith a' cuideachadh le mion-sgrùdadh dàta
- ◆ beachdachadh is measadh a dhèanamh air nithean a tha riatanach airson mhodailean sònraichte
- ◆ na th' air a chiallachadh le coltachd a thuigsinn
- ◆ toraidhean eadar-mhìneachadh a rèir a' cho-theacsa, a' dèanamh measadh air neart 's air laigsean nam modailean aca
- ◆ sgilean a leudachadh ann a bhith a' dèanamh coluadar air co-dhùnaidhean a tha stèidhichte air mion-sgrùdadh staitistigeil

Tha an Cùrsa a' buntainn gu mòr ri modaileadh 's ri mion-sgrùdadh dàta ann an iomadh raon, nam measg eòlas-leigheis, saidheans-actuàrial, eaconamachd (agus saidheansan sòisealta eile), gnothachas agus rianachd. Tha an Cùrsa cuideachd a' tairgsinn bunait dhaingeann airson rannsachadh an lùib teòiridh coltachd, caochladairean tuaireamach, deuchainn beachd-bharail agus beàrnan creideis.

Fiosrachadh air an luchd-ionnsachaidh a dh'fhaodadh an Cùrsa a dhèanamh

Tha an Cùrsa seo freagarrach don luchd-ionnsachaidh a rinn an gnothach, le cinnt, air Cùrsa Matamataig na h-Àrd Ìre no air teisteanas eile a tha co-ionann.

Nì an luchd-ionnsachaidh leudachadh air sgilean co-cheangailte ri bhith a' taghadh 's a' cur an gnìomh mhodhan staitistigeil ann am measgachadh farsaing de cho-theacsaichean làitheil, nàdarra. Bheir na sgilean sin an neach air adhart gu bhith an sàs ann an tuilleadh ionnsachaidh agus ann an cosnadh.

Tha modhan staitistigeil deatamach ann an saoghal an latha an-diugh airson dàta a mhion-sgrùdadh agus airson ciall a dhèanamh de na diofar rudan co-cheangailte ri suidheachadh. Thathar gan cleachdadh ann an gnothachas 's ann an riaghaltas airson

dealbh ceart fhaighinn air mar a tha cùisean, agus airson na dh'fheumas a bhith air a dhèanamh a chur air adhart. Faodaidh staitistigs cuideachd a bhith air a cleachdadh nuair a thathar a' tomhas adhartas gnothaich agus a' clàradh na chaidh a choileanadh. Lorgaidh luchd-ionnsachaidh cothroman ann an iomadh dreuchd anns na raointean sin, leithid obair-actùarail, seirbheisean ionmhais, mion-sgrùdadh spòrs, eaconamachd, obair nam meadhanan, a bharrachd air saidheans, eòlas-leigheis, cuspairean na daonnachd agus teicneòlas.

Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

Structar a' chùrsa

Bheir an Cùrsa seo cothrom do luchd-ionnsachaidh air dealbhadh fheuchainn, agus a dhol an sàs ann an cleachdadh math, mion-sgrùdadh air seataichean dàta. Tha e na chuideachadh a thaobh a bhith a' dèanamh breithneachadh fiosraichte air staitistigs air an obrachadh a-mach agus co-dhùnaidhean iomchaidh a chur an cèill.

Anns a' Chùrsa Staitistigs aig an Àrd Ìre Adhartaich tha na trì Aonadan, le, uile-gu-lèir, 24 puingeann creideis SCQF. A bharrachd air a seo, tha ochd puingeann creideis SCQF eile, agus bheir iad seo cothrom air raon nas fharsainge de mhodhan ionnsachaidh is teagaisg a bhith air an cleachdadh, maille ri daingneachadh ann an ionnsachadh, amalachas agus ann an deasachadh airson measadh bhon taobh a-muigh.

'S e cunntas air ìrean airson measadh a th' anns na h-aonadan; chan e prògraman a th' anna airson ionnsachadh is teagasg. Faodar an libhrigeadh air caochladh dhòighean.

Mion-sgrùdadh agus Modaileadh (An Àrd Ìre Adhartaich)

Anns an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid seo rannsachadh air modailean coltachd a chur fa chomhair an luchd-ionnsachaidh. Nì iad leudachadh air sgilean co-cheangailte ri cruinneachadh-dàta, taisbeanadh agus eadar-mhìneachadh, agus nì iad rannsachadh air coltachd; thèid cuid de mhodailean coltachd a chur fan comhair cuideachd. Thèid mineachadh a dhèanamh air prionnsapal nam modailean, agus mion-sgrùdadh dàta rannsachaidh air a chleachdadh mar thaisbeanair. Thèid rannsachadh a dhèanamh cuideachd air mar tha diofar chaochladairean tuaireamach air an cur gu feum.

Co-dhùnadh Staitistigeil (An Àrd Ìre Adhartaich)

Anns an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid seo sgilean co-cheangailte ri co-dhùnadh staitistigeil a leudachadh 's a chur an gnìomh. Bidh an luchd-ionnsachaidh a' taghadh 's a' cleachdadh mhodailean staitistigeil a tha iomchaidh airson an cuideachadh nuair a tha iad a' dèanamh mion-sgrùdadh air dàta. Bidh iad cuideachd ag eadar-mhìneachadh thoraidhean a rèir co-theacsa, 's iad a' dèanamh measadh air neart 's air laigsean nam modailean aca. Thèid sealltainn ris na tha an lùib a bhith ag obair le sampail dàta, a thaobh a bhith a' gabhail beachd air an sgaoileadh-sluaigh a dh'fhaodadh a bhith ann agus a thaobh a bhith a' lorg nan tuairmsean as fheàrr air cuibheas-sluaigh. Tha cuideam air sgaoileadh an t-sampail air a thaisbeanadh, agus tha iomradh air a' chumhachd aig teòiridh a' mheadhain air a chur an cèill agus air a chleachdadh a chum a bhith a' measadh mionaideachd a' chuibheis-shluaigh air a bheilear a' toirt tuairmse. Thèid rannsachadh staitistigeil, a th' air a chur an gnìomh leis an neach-ionnsachaidh, a chur air adhart, 's e a' cleachdadh nan sgilean air an deach leudachadh a dhèanamh anns an Aonad.

Deuchainn Beachd-bharail (An Àrd Ìre Adhartaich)

Anns an fharsaingeachd, 's e amas an Aonaid seo sgilean ann an deuchainn beachd-bharail a leudachadh 's a chur an gnìomh. Bidh na deuchainnean sin parametreach, neo-parametreach agus dà-chaochlaidear. Nì an luchd-ionnsachaidh leudachadh air sgilean co-cheangailte ri bhith a' toirt seachad cho-dhùnaidhean gu h-èifeachdach – co-dhùnaidhean air an stèidheachadh air mion-sgrùdadh staitistigeil. Thèid deuchainn beachd-bharail staitistigeil, a th' air a chur air adhart leis an neach-ionnsachaidh, a chur an

gnìomh, 's e a' cur feum air na sgilean air an deach leudachadh a dhèanamh anns an Aonad.

Cumhachan coileanaidh

Airson duais a' Chùrsa a chosnadh, feumaidh an neach-ionnsachaidh an gnothach a dhèanamh air na h-Aonadan air fad a bharrachd air measadh a' Chùrsa. Tha na h-Aonadan riatanach rim faicinn ann an gearr-iomradh a' Chùrsa. An lùib measadh a' Chùrsa, bidh a' bhunait airson na chaidh a chosnadh air a chur a rèir nan ìrean a tha an cois coileanadh a' Chùrsa.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Tha tuilleadh fiosrachaidh air measadh sgilean, eòlas agus air tuigse a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*. Tha cunntas farsaing air na sgilean-cuspair, air an eòlas agus air an tuigse a tha riatanach agus air an tèid measadh a dhèanamh anns a' Chùrsa air a thoirt seachad anns an earrainn seo.

An cois seo, tha:

- ◆ eòlas is tuigse air raon de chuspairean fillte staitistigeil
- ◆ an comas air modailean iomchaidh staitistigeil a thaghadh 's a chleachdadh
- ◆ an comas air sgilean gnìomhail nas adhartaiche ann an co-theacsaichean staitistigeil a chur an gnìomh
- ◆ an comas air sgilean-reusanachaidh matamataigeach a chleachdadh airson fiosrachadh a lorg 's eadar-mhìneachadh, airson a bhith a' beachd-smuaineachadh gu loidsigeach agus airson cuistean fhuasgladh
- ◆ an comas air co-dhùnidhean a chur an cèill, agus tuigse air an cuid laigseanan comas air a bhith a' beachd-smuaineachadh gu loidsigeach air na buaidhean a dh'fhaodadh a bhith aig roghainnean rianail, iomchaidh

Bidh na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a bhios an cois a' Chùrsa a' dol a rèir ìre SCQF a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air feartan 's air mar a thathar an dùil gu tèid cùisean aig gach ìre SCQF ri fhaighinn anns na stiùiridhean-ìre aig an SCQF (www.sqa.org.uk/scqf).

Measadh

Tha fiosrachadh air measadh a' Chùrsa ri fhaighinn ann an *Sònrachadh Measadh a' Chùrsa*; ann an seo tha fiosrachadh mionaideach agus comhairle air mar a thèid breithneachadh a dhèanamh air mar a chaidh don neach-ionnsachaidh air a' Chùrsa.

Measadh aonaid

Tha na h-Aonadan gu lèir air am measadh air an taobh a-staigh a rèir nam feumalachdan a tha rim faighinn ann an *Sònrachadh an Aonaid*.

Faodaidh iad a bhith air am measadh air bunait Aonad-ri-Aonad no le co-mheasadh.

Thèid measadh a dhèanamh orra air bunait pasaigidh/fàilligidh an taobh a-staigh nan ionadan-foghlaim fhèin. Bidh dearbhachd mhionaideach on taobh a-muigh ri faighinn aig an SQA. An cois sin bidh fireanachadh on taobh a-muigh airson dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh-measaidh a' dol a rèir nan ìrean nàiseanta.

Bidh measadh nan Aonadan air a' Chùrsa seo mar a leanas:

Mion-sgrùdadh Dàta agus Modaladh (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- ◆ sgilean staitistigeil a chleachdadh a tha ceangailte ri mion-sgrùdadh-dàta 's ri modaladh

Co-dhùnadh Staitistigeil (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- ◆ sgilean staitistigeil a chleachdadh a tha ceangailte ri co-dhùnadh staitistigeil
- ◆ sgilean a chleachdadh a tha ceangailte ri bhith a' cur an gnìomh rannsachadh staitistigeil

Deuchainn Beachd-bharail (An Àrd Ìre Adhartach)

Bidh an luchd-ionnsachaidh a chuireas crìoch air an Aonad comasach air:

- ◆ sgilean staitistigeil a chleachdadh a tha ceangailte ri deuchainn beachd-bharail
- ◆ sgilean a chleachdadh a tha ceangailte ri bhith a' cur an gnìomh deuchainn staitistigeil

Tha eisimpleirean air mar a dh'fhaodar dèiligeadh ri measadh nan Aonadan seo rim faighinn anns an *Stòras-mheasaidh Nàiseanta*.

Measadh a' Chùrsa

An cois nan Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 chun na h-Àrd Ìre Adhartaich tha measadh [luach a bharrachd](#)¹. Aig Nàiseanta 5, aig an Àrd Ìre 's aig an Àrd Ìre Adhartach, thèid an luach a bharrachd a mheasadh ann am measadh a' Chùrsa. Feumaidh an luach a bharrachd airson a' Chùrsa dèiligeadh ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa, mar a tha iad air am mìneachadh ann am feallsanachd a' Chùrsa. Thèid seo a dhèanamh le bhith a' dèiligeadh ri aon nì co-dhiù a tha co-cheangailte ri leud, dùbhlán agus ri cur-an-gnìomh.

Ann an Cùrsa Staitistigs na h-Àrd Ìre Adhartaich, bidh luach a bharrachd air a chur air:

- ◆ leud
- ◆ dùbhlán
- ◆ cur-an-gnìomh

A bharrachd air a bhith gan cur an gnìomh, nì an luchd-ionnsachaidh leudachadh is adhartas air na sgilean a dh'ionnsaich iad air a' Chùrsa. Thèid seo a mheasadh an cois [pàipear-cheistean](#)², far am feum teisteanas a bhith air a thaisbeanadh air an eòlas, na sgilean 's air an tuigse a chaidh a thogail tarsainn air na h-Aonadan agus mar a thèid an cur an gnìomh ann an co-theacsaichean annasach agus/no ann an dòighean amalaichte.

¹ Gheibhear mìneachaidhean an seo: <http://www.sqa.org.uk/sqa/58409.html>

² Faic an ceangal gu h-àrd airson mhìneachaidhean

Leudachadh air sgilean-ionnsachaidh, sgilean-beatha agus sgilean-cosnaidh

Thathar an dùil gun dèan an luchd-ionnsachaidh leudachadh air sgilean leathann, coitcheann tron Chùrsa seo. Tha na sgilean air am bithear an dùil gun dèan an luchd-ionnsachaidh leasachadh is adhartas tron Chùrsa air an stèidheachadh air *Clàr-sgilean an SQA: Sgilean-ionnsachaidh, Sgilean-beatha agus Sgilean-cosnaidh*, 's iad air an togail bho na prìomh raointean de sgilean a th' air an clàrachadh gu h-iseal. Feumaidh iad sin a bhith air an togail a-steach don chùrsa far a bheil cothroman iomchaidh.

2 Àireamhachd

- 2.1 Modhannan-obrachaidh àireamhan
- 2.2 Airgead, uair agus tomhas
- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

5 Sgilean smaoinichaidh

- 5.3 Cur-an-gnìomh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus measadh

Ann an *Clàr-sgilean SQA: Sgilean airson ionnsachaidh, Sgilean airson beatha agus Sgilean airson cosnadh* tha leudachadh ri fhaighinn air na sgilean sin. Bidh ìre nan sgilean sin a' dol a rèir ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh air mar a thèid togail air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh airson a' Chùrsa air a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic' a' Chùrsa*.

Fiosrachadh rianachd

Air fhoillseachadh: An Giblean 2013 (dreach 1.0)

Eachdraidh atharrachaidhean air Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Fiosr. a'	Dreach	Cunntas air an atharrachadh	Ceadaichte le	Ceann-latha

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt air adhbharan foghlaim air chùmhnannt 's nach togar prothaid on ath-riochdachadh agus, ma thèid ath-riochdachadh ann am pàirt, gum bi creideas air a thoirt don tùs. Faodar tuilleadh lethbhreacan den t-sònrachadh seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Not: Tha e air a mholadh gun toir thu sùil air làrach-lìn an SQA (www.sqa.org.uk) airson dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire de Shònrachadh a' Chùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013